



National  
Qualifications  
2021 ASSESSMENT RESOURCE

**X832/76/13**

**Àrd-Ìre**

**Gàidhlig  
Earrann Èisteachd**

**Gàidhlig  
Listening Transcript**

Ùine — 40 mionaid

**Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.**

Ri fhosgladh leis an tidsear mur a h-eil an disc ag obair no far a bheil cead air a thoirt seachad ro làimh leis an SQA airson an stuth a leughadh ris na tagraichean aig a bheil feumalachdan sònraichte.

**This paper must not be seen by any candidate.**

The material overleaf is provided for use in an emergency only (for example the recording or equipment proving faulty) or where permission has been given in advance by SQA for the material to be read to candidates with additional support needs. The material must be read exactly as printed.



\* X 8 3 2 7 6 1 3 \*

**Stiùiridhean airson leughadair(ean):**

Leugh a-mach an earrann dà thuras, le trì mionaidean eadar gach turas.

Far a bheil stiùiridhean airson leughadh air an aontachadh ro làimh, feumar boireannach airson earrann comharraichte le **(b)** agus fireannach airson **(f)** — agus neach-teagaisg far a bheil **(n-t)**.

**Instructions to reader(s):**

Read the passage twice with an interval of 3 minutes between the two readings.

Where special arrangements have been agreed in advance to allow the reading of the material, those sections marked **(b)** should be read by a female speaker and those marked **(f)** by a male; those sections marked **(n-t)** should be read by the teacher.

**(n-t)** *Cluinnidh tu Alasdair Mac a' Ghobhainn agus e ag innse mun iolair-mhara.*

*(1 mionaid)/(1 minute)*

**(b/f)** 'S e an iolair-mhara an t-eun-creachaidh as motha a th' ann an Alba agus an ceathramh iolair as motha a th' anns an t-saoghal. Gu dearbh, fàsaidh leud a sgiathan cho farsaing ri dà mheatair agus seasaidh an t-eun aig meatair a dh'àirde. A bharrachd air a bhith cho mòr, thèid an iolair-mhara aithneachadh gu furasta leis gu bheil ceann soilleir bàn, earball geal agus gob buidhe oirre. Thig an t-eun beò air iasg, beathaichean mar choineanaich agus eòin-mhara ach ithidh e cuideachd beathaichean marbha, a leithid fèidh. Togaidh an iolair-mhara nead mòr dha-rìribh ann an craobhan no ann an creagan àrda. Beiridh an t-eun boireann dà ugh anns a' Mhàrt agus fuirichidh na h-iseanan anns an nead gu ruige deireadh an t-samhraidh.

Tha an iolair-mhara ri lorg sgapte air feadh an t-saoghail. Tha a' chuid as motha dhiubh a' tighinn beò ann an Nirribhidh agus anns an Ruis. Thathar a' tomhas gu bheil faisg air ceathrad mìle san t-saoghal. Tha an àireamh sin fada nas àirde na bha i bho chionn leth-cheud bliadhna nuair a bha cunnart ann gun deigheadh an t-eun à bith.

'S e eun a tha dùthchasach dha Alba a th' anns an iolair-mhara. Dh'fhuiling an t-eun gu mòr san ochdamh linn deug nuair a chaidh coilltean, a h-àrainneachd nàdarra, a leagail agus tuathanasan a chur nan àite. Chaidh laghan a stèidheachadh gus cur às dhan eun agus bhathar a' toirt seachad duaisean mòra airson a mharbhadh. Cha b' fhada gus nach robh an iolair-mhara a' tighinn beò ach anns na sgìrean a b' iomallaiche dhen Ghàidhealtachd. Ach cha robh an t-eun sàbhailte eadhon an sin: bha na glinn seo a' cur thairis le caoraich às dèidh nam Fuadaichean agus chleachd cìobairean gunnaichean agus feòil phuinnseanta gus cur às dha. Chaidh losgadh air an iolair-mhara mu dheireadh ann an 1916.

Ach, cha b' e sin deireadh na sgeulachd.

Dh'atharraich beachdan a thaobh na h-àrainneachd agus bheathaichean fiadhaich gu mòr tron fhicheadamh linn. Chaidh iomairt a chur air chois anns na Seachdadan gus an iolair-mhara a thilleadh a dh'Alba. Chaidh iseanan dà mhìos a dh'aois a thogail à neadan ann an Nirribhidh agus a thoirt a dh'Alba. Chaidh na h-eòin òga seo a leigeil ma sgaoil aon uair 's gun robh iad comasach air sgèith. B' ann air Eilean Ruma, air taobh siar na Gàidhealtachd, a thachair seo an toiseach agus lean am pròiseact an uair sin ann an Ros an Iar. Tha an sgeama seo air a bhith air leth soirbheachail: tha an ath ghinealach a-nis air sgapadh a dh'àiteachan eile, a leithid an t-Eilean Sgitheanach agus Eilean Mhuile.

Thathar an dùil gum bi dà mhìle iolair-mhara ann an Alba an taobh a-staigh fichead bliadhna. Tha tilleadh na h-iolair-mara air buannachd a thoirt do dh'eaconamaidh na Gàidhealtachd is an t-eun a' tàladh mòran luchd-turais dhan sgìre.

Ach, tha àrdachadh àireamh na h-iolair-mara air connspaid adhbharachadh agus croitearan a' cumail a-mach gum bi i a' falbh le uain òga. Mar eisimpleir, tha croitearan ann an aon sgìre bheag a' gearain gun caill iad dà cheud beathach aig àm-breith nan uan agus gu bheil an call cho àrd 's gu bheil cuid dhiubh air na caoraich aca a chur bhuapa. Cha do ghabh na h-ùghdarrasan ri seo an toiseach is iadsan ag ràdh nach robh fianais sam bith nan cois. Ach, bho chionn ghoirid, dhearbh camara a chuireadh ann an nead iolair-mara gun tug na h-eòin àireamh mhòr de dh'uain a-steach ann.

Chan eil cùisean fhathast rèidh eadar croitearan agus buidhnean a tha a' cur taic ri sgapadh na h-iolair-mara. Ach gu cinnteach feumar dìon a chur air uain òga agus airgead-diòlaidh a thoirt do chroitearan far a bheil call ann. 'S i a' cheist mhòr, chudromach an gabh innleachdan a chruthachadh a sheasas còraichean gach taobh.

**(n-t) Crìoch na h-earrainne.**

**A-nis sgrìobhaibh ur freagairtean.**

**[CRÌOCH NA H-EARRAINNE]**

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO